

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

## BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR ADHARTAS AN GLASCHU

### 06 An Giblean 2010

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann leasachaидh ann an Alba le uallach airson brosnachadh agus adhartachadh na Gàidhlig a' cur fàilte air Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu, a thèid fhoillseachadh an diugh (Dimàirt). Bidh am Bòrd fhèin a' coinneachadh ann am Baile Mòr nan Gàidheal airson a' chiad uair an diugh agus tha fàilte cuideachd ga chur air an naidheachd gu bheil Oilthigh Ghlaschu a' comharrachadh Cathair Gàidhlig anns an Oilthigh.

Bidh Comhairle a' Bhaile a' foillseachadh Plana adhartach airson na Gàidhlig thar na trì bliadhna romhainn, aig cuirm far am bi clann bho Sgoil Ghàidhlig a' Bhaile an làthair. A-measg nan gnìomh agus rùn a thèid fhoillseachadh ann am Plana a' Bhaile tha sgoil Ghàidhlig eile ga fosgladh agus barrachd feum ga dhèanamh dhen Ghàidhlig tro leithid shoighnichean agus foillseachadh mar litrichean, naidheachdan agus litreachas.

Thuirt Art MacCarmaig, Cathraiche a' Bhùird: "Tha àite air leth aig Gàidhlig ann am Baile Ghlaschu - Baile Mòr nan Gàidheal. Tha mi fior thoilichte gu bheil Comhairle a' Bhaile cho taiceil dhan Ghàidhlig agus gu bheil iad cho tuigseach dhen t-suidheachadh eachdraidheil agus cuideachd na cothroman mòra a tha an-lùib a bhith a-staigh air leasachadh na Gàidhlig. Ann an raon an fhoghlaim, tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu na h-eiseimpleir air leth de na ghabhas dèanamh le taic aig ire freagarrach. Tha an sgoil air a bhith air leth soirbheachail ri linn taic na Comhairle agus misneachd nam pàrant cumail orra, agus bu mhath leinn nan leanadh comhairlean eile mar a thachair an seo. Tha toradh nan rùintean a th'anns a' Phlana mar tha againn le suaicheantas Gàidhlig aca airson geamaichean Co-Fhlaitheis 2014. Tha fiughar againn coimhead air adhart gu barrachd co-obrachadh eadar am Bòrd agus a' Chomhairle mar a thèid sinn air adhart."

Tha am Bòrd cuideachd air fàilte chridheil a chur air an naidheachd gu bheil Oilthigh Ghlaschu air ceum ionmholta a ghabhail ann a bhith a' cruthachadh Cathair Gàidhlig a tha a' toirt togail do cheanglan eachdraidheil a' bhaile leis a' Ghàidhlig. Thuirt an Cathraiche: "Bha Glaschu riamh, agus tha fhastast, na h-àite le cothroman mòra a thaobh na Gàidhlig. Tha am baile air a bhith gu h-iomlan air thoiseach leis an taic a fhuaras airson na Sgoil Ghàidhlig. Chaidh Oifigeach Gàidhlig fhastadh anns an Oilthigh fhèin le taic bhon Bhòrd agus bu chòir do dh'ionadan eile a leithid eile a dhèanamh. Tha cothroman anns a' bhaile a thaobh leasachaidhean ann craoladh tro reidio agus telebhisein agus a-nis, tha e follaiseach da-

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



rìreabh gu bheil tarraing a bharrachd ann do dh'oileanaich le Gàidhlig. 'S e clach-mhìle a tha seo ann an eachdraidh na h-Oilthighe agus do dh'fhoghlam na h-Alba. Tha leithid de thaic is ceum cho cudromach leis an Oilthigh na dhearbhadh air an luach a thathas a-nis a' cur air foghlaam Gàidhlig. Tha Roinn na Ceiltis agus Gàidhlig air ainm is cliù a chosnadhl thar chàich aig àrd-ìre foghlaim Gàidhlig agus rannsachadh. Tha e air leth freagarrach gur e Roibeard Ó Maolalaigh a bhios na Àrd Ollamh anns an dreuchd airson a' chiad uair. Tha e air mòran a dhèanamh thar nam bliadhnaichean ann an dòighan pragtigeach agus acadeimigeach airson còraichean na Gàidhlig a sheasamh gu nàiseanta agus eadar-nàiseanta

Thuirt am Ministear airson Sgilean agus Foghlaam Fad-beatha ann an Riaghaltas na h-Alba Keith Mac Ille Dhuinn gu robh e moiteil à Oilthigh Ghlaschu. "Fìor dheagh naidheachd a tha seo. The e a' dearbhadh an taic a tha Glaschu a' toirt gu follaiseach do raon fior chduromach de ar dualchas agus a' sior thogail inbhe na Gàidhlig aig àrd-ìre am foghlaam na h-Alba. Tha seo air leth misneachail dhan h-uile duine a tha an-sàs ann am brosnachadh na Gàidhlig anns an Oilthigh agus ann am foghlaam na h-Alba anns an fharsainneachd. Bu mhath leam meal-a-naidheachd a chur air an Oilthigh son an lèirsinn agus adhartas, agus 'meal do naidheachd' a bhuileachadh air an Àrd Ollamh O' Maolalaigh gu pearsanta na dhreuchd ùr."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES GAELIC ADVANCES IN GLASGOW

06 April 2010

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland promoting and developing Gaelic is welcoming the launch tomorrow (Tuesday) of Glasgow City Council's Gaelic Language Plan. The Bòrd, which will be meeting in what is historically Baile Mòr nan Gàidheal – the Big City of the Gaels – has also welcomed confirmation by Glasgow University that it is to designate a Chair of Gaelic.

The Council will unveil its ambitious three-year plan to make Gaelic the talk of the town at the City Chambers, at an event supported by pupils from Glasgow Gaelic School, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Actions outlined in Glasgow's plan include the opening of a second Gaelic school in the city and wider use of Gaelic on council signs and in relevant council communications including forms, press releases and letters.

Arthur Cormack, Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig said: "Gaelic has a very special place in the history of Glasgow – often known simply as Baile Mòr nan Gàidheal – the Big City of the Gaels. I am delighted that Glasgow City Council is being so supportive of Gaelic and mindful both of the historical context and the potentially significant advantages of being involved in Gaelic development."

"In the field of Gaelic education, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu is a magnificent example of what can be achieved with appropriate support. It has been a huge success, due to the support of the council and tenacity of parents and we would like to see other local authorities following the example of Glasgow. We are seeing the outcomes of the Plan already in the Gaelic logo produced for the 2014 Commonwealth Games and I look forward to further collaboration of this sort between the Bòrd and the city council."

Bòrd na Gàidhlig has also warmly welcomed Glasgow University's ground-breaking initiative of creating a Chair of Gaelic which gives the city's historical associations with Gaelic a new impetus. Mr. Cormack added: "Glasgow has always been, and continues to be a city of opportunity for Gaelic. It has been a pioneer in terms of Gaelic-medium education with its commitment to the flagship Gaelic school. The University's own appointment of a Gaelic Officer was warmly welcomed, and supported by the Bòrd, and is a great example for other higher educational establishments to follow. There are significant employment opportunities in Glasgow in media terms through developments in Gaelic television and radio, and now, clearly, there is an added attraction to Gaelic students to study Gaelic at Glasgow University. This is a milestone in the University's history and also for Scottish

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



education. The endorsement from such a venerable institution is a clear indication of the value that is increasingly being placed on Gaelic. The Department of Celtic and Gaelic has established itself as a leader in third-level Gaelic education and research. It is entirely fitting that Professor Roibeard Ó Maolalaigh be appointed as the first occupant of this chair; he has done much over the years in practical and academic terms to further advance the cause of Gaelic both nationally and internationally.”

Minister for Skills and Lifelong Learning Keith Brown also commended Glasgow University. He said: "This is very good news. This decision demonstrates Glasgow's clear commitment to this important aspect of our heritage and raises the status of the Gaelic language in Scottish higher education. This is also very encouraging for all those involved at all levels in Gaelic promotion in the University, and in Scottish education generally. I would also like to commend the University authorities for this step and to offer my congratulations, 'meal do naidheachd' to Professor O' Maolalaigh on his appointment to this new Chair.